

X229/701

TEISTEANAIS DICIADAIN, 3 ÒGMHIOS
NÀISEANTA 1.00 PM – 4.00 PM
2009

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE ADHARTACH

Roinn (i): Sgrìobhadh

Roinn (ii): Sgrùdadh

Roinn (iii): Litreachas

Roinn (iv): Eadar-theangachadh

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean anns a' Phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinnean a fhreagairt. Feumaidh tu leabhran freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhran gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



[DUILLEAG FHALAMH]

Roinn (i): Sgrìobhadh

**Ùine: 55 mionaid
(moladh)**

Comharraidhean

Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.

1. Saoghal gun Teicneòlas. (50)
2. Luchd-turais – feum no cron do dh'Alba. (50)
3. An Aisling. (50)
4. Chan eil smachd gu leòr air clann an latha an-diugh. (50)
5. Athchuartachadh. (50)
6. Dòchas. (50)
7. An Dealbh. (50)
8. An saoghal tro shùilean mo sheanar/mo sheanmhar. (50)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd

Earrann 1—Rosg

Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean a tha na cois nad fhacail fhèin.

Bho chaidh Hiort fhàsachadh ann an 1930, tha ficheadan de leabhraichean air nochdadh a' toirt cunntas air eachdraidh an eilein. Seach gu robh a h-uile leabhar a bha sin ann am Beurla, nach eil làn-thìd' againn aona leabhar fhoillseachadh ann an dualchainnt nan Hiortach? Is bochd nach do rinneadh sin fhad 's a bha a' mhòr-chuid
5 dhen mhuintir a chuir cùl ris an eilean fhathast maireann agus comasach air an teisteanas fhèin a thoirt air a' chaitheamh-beatha neo-àbhaisteach a bha aca.

Bha mise sealbhach gun d' fhuair mi lethbreacan dhe na cunntasan a dh'fhàg Calum MacCuithinn agus Ailios, bean MhicLachlainn, nan làmh-sgrìobhaidhean fhèin o chionn ceud bliadhna. Goirid an dèidh dha na daoine cùl a chur ri Hiort, phòs mac
10 agus nighean de theaghlach MhicCuithinn dlùth-chàirdean dha mo mhàthair. Bha clann nan càraidean sin agus mi fhìn anns na co-aoisean agus ged a bha na dachaighean aca ann an Glaschu, chuir iad seachad mòran dhen òige ann an Leòdhas agus faodaidh mi a ràdh gun dh'èirich sinn suas ann an cuideachd a chèile.

An 1944, aig àm an Dàrna Cogaidh, thuit Sunderland Flying-boat air Hiort agus b' i
15 an Walwyns Castle (an tràlair-sguabaidh air na thachair m' athair a bhith aig an àm) a chaidh a-mach a thogail cuirp nan gillean a bha air a bhith innte. Tha deagh chuimhne agam air Hiortaich a' tighinn chun taigh againn nuair a thill m' athair dhachaigh, a dh'fhaighneachd mu dheidhinn staid nan dachaighean a bha iad air fhàgail air Hiort. Eadhon ann an 1944 bha iad fhathast leis a' chianalas.

20 Bha a' Ghàidhlig snaidhmte ri dòigh-beatha nan Hiortach agus ged a rinneadh oidhirp air a mùchadh anns an ochdamh agus anns an naoidheamh linn deug, mhair i ann am beòil an t-sluaigh chun na crìch. Ach ged a bha mi-rùn an aghaidh na Gàidhlig le luchd-foghlaim is riaghaltais, feumar a ràdh gu robh iomadach caraid aig na Hiortaich, air a' Ghalltachd agus ann an Sasainn, a chuidich leotha gu mòr.

Air a thoirt bho Hiort-Far na Laigh a' Ghrian

Le Calum MacFhearghais

CEISTEAN

1. Dè tha sònraichte mun leabhar air a bheil an sgrìobhadair a' bruidhinn an seo seach leabhraichean eile mun àite? 2
 2. Carson a tha an sgrìobhadair den bheachd gu bheil an leabhar seo rudeigin fadalach? 3
 3. Ciamar is urrainn dhan sgrìobhadair a ràdh gun d' fhuair esan teisteanas bho dhaoine bha fuireach air an eilean? 2
 4. Dè an ceangal a bh' aig teaghlach an sgrìobhadair ris an eilean? 2
 5. Beachdaich air suidheachadh nan daoine a thadhail ann an dachaigh an sgrìobhadair an-dèidh dha athair a thighinn dhachaigh às a' chogadh. 2
 6. Dè cho soirbheachail agus a bha na h-oidhirpean a rinneadh gus a' Ghàidhlig a mhùchadh? Cuir taic ri do fhreagairt le bhith togail briathran às an earrainn. 2
 7. Dè tha an sgrìobhadair ag ràdh a chuireadh iongnadh air gu leòr dhaoine? 2
- (15)**

[Tionndaidh an duilleag

Roinn (ii)—Sgrùdadh

Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

Earrann 2— Bàrdachd

Leugh an dàn seo agus freagair na ceistean a tha na cois nad fhacail fhèin.

Nuair a bheir an fheannag
an t-sùil às a' chaora mu dheireadh,
bidh mi ri dìdearachd air d' uinneagan:
bidh iad an sin
a' cluich chairtean
's ag òl Beaujolais,
poodle a' dannsa mun casan;
bidh fhàileadh blàth a' bhainne air falbh às na bàthchannan,
's iad làn thruinnsearan fuar' cruaidh' *pottery*
airson an luchd-turais;
fuaim nam brògan tacaideach nan samhlaichean
a' coiseachd air monadh;
na croitean uaine fàsail
gun bhriseadh spaide.

Nuair a bheir an fheannag
an t-sùil às a' chaora mu dheireadh,
bidh mi ri farchluais
air d' uinneagan,
ri d' osagan ag ochanaich,
's na guthan cruaidh Sasannach
a' dol an aghaidh na gaoith'.

Le Catrìona NicGumaraid

CEISTEAN

1. Beachdaich air dè tha **an fheannag** agus **a' chaora** a' riochdachadh anns a' chiad dà loidhne. 2
 2. Dè tha, **bidh iad an sin**, ag innse dhuinn mun dòigh anns a bheil a' bhana-bhàrd a' faireachdainn? 2
 3. Innis dè tha a' bhana-bhàrd ag innse dhuinn mu na daoine a bhitheas a' fuireach anns an àite nuair a tha i ag ràdh:
bidh iad an sin a' cluich chairtean 's ag òl Beaujolais. 2
 4. Saoil carson a tha am facal **poodle** air a sgrìobhadh mar seo? 2
 5. Tagh às a' bhàrdachd na sreathan a tha sealltainn an atharrachaidh mhòir a bhitheas anns a' choimhearsnachd seo, am beachd a' bhana-bhàird. 2
 6. Cò thuige tha a' bhana-bhàrd a' tarraing ar n-aire nuair a tha i ag ràdh:
**fuaim nam brògan tacaideach nan samhlaichean
a' coiseachd air monadh;
na croitean uaine fàsail
gun bhriseadh spaide.** 3
 7. Beachdaich air facail agus faireachdainnean a' bhana-bhàird anns an dà loidhne mu dheireadh:
**'s na guthan cruaidh Sasannach
a' dol an aghaidh na gaoith.** 2
- (15)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

1. Sgeulachd ghoirid

Tagh dà sgeulachd ghoirid a thug ort smaoinichadh ann an dòigh ùr air na cuspairean mu bheil iad air an sgrìobhadh. Beachdaich orra gu mionaideach agus seall mar a chaidh aca air toirt ort na cuspairean fhaicinn ann an dòigh ùr. **(50)**

2. Sgeulachd ghoirid

A bheil, nad bheachdsa, aon sgrìobhadair ann a tha/bha air leth math air sgeulachdan goirid Gàidhlig a sgrìobhadh? Le bhith beachdachadh air dà sgeulachd ghoirid a sgrìobh e/i, seall dè tha cho sònraichte mun dòigh-sgrìobhaidh aig an neach seo. **(50)**

3. Bàrdachd

Ainmich dà phìos bàrdachd a sgrìobh bàird eadar-dhealaichte ach a tha air an aon chuspair. Le bhith beachdachadh orra gu mionaideach seall mar a làimhsich an dà bhàrd an aon chuspair. **(50)**

4. Bàrdachd

Tagh dà phìos bàrdachd a tha nad bheachdsa cumhachdach. Beachdaich orra gu mionaideach, mìnich a' bhuaidh a bh' aca ort agus innis ciamar a chaidh aig na bàird air seo a dhèanamh. **(50)**

5. Nobhail

“Chan e an nobhail an dòigh-sgrìobhaidh as soirbheachaile ann an Gàidhlig”. Le bhith beachdachadh air nobhail Gàidhlig a leugh thu tro na bliadhnaichean, seall a bheil no nach eil thu ag aontachadh ris a' bheachd a tha gu h-àrd. **(50)**

6. Eachdraidh-beatha

'S e eachdraidh-beatha duine a leughadh aon de na dòighean as fheàrr air sealladh fhaighinn air saoghal eile. An do chuir thu fhèin riamh eòlas air saoghal eile ri linn eachdraidh-beatha chuideigin a leughadh? Thoir iomradh mhionaideach air an ionnsachadh a fhuair thu anns an dòigh seo agus mìnich a' bhuaidh a bh' aige ort. **(50)**

Eadar-theangaich an earrainn a leanas.

Why do people choose to travel by train? Some people are convinced that concerns about the environment are part of the attraction. Of course, the train is better for the environment. A return journey to the continent by train generates 10% of the emissions of flying. It may be a short flight, but sitting on a 737 remains one of the most polluting ways to spend an hour. People may be aware of these issues but do they always remember them especially when they are in a hurry.

(20)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn (ii) Earrann 1 Rosg—Extract is taken from *Hiort - Far na Laigh a Ghrian* by Calum Ferguson. ISBN 0 86152 110 2. Published by Acair. Reproduced by kind permission of Acair.

Roinn (ii) Earrann 2 Bardachd—Poem from *The Length Of The Night* by Catriona Montgomery, first published in Great Britain by Canongate Books, 14 High Street, Edinburgh, EH1 1TE.

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Roinn (i)	Sgrìobhadh / 50
Roinn (ii)	Sgrùdadh / 30
Roinn (iii)	Litreachas / 50
Roinn (iv)	Eadar- theangachadh / 20
Total	150